

Fasanan agus Cuibhreannachadh

Bha aodach air a chuibhreannachadh ann am Breatainn bho 1d Ògmhios 1941 gu 15mh Màrt 1949. Leig seo le feadhainn a bha a' dèanamh aodaich a bhith a' cur an aire air èididhean armachd, a bhith a' dèanamh cinnteach gun robh aodach air a roinn gu cothromach air feadh na RA agus gus stuthan sònraichte leithid leathar a dhion.

Dh'fhaodadh aodach ùr a bhith air a cheannach tron chogadh tron sgeama chuponan le gach sìobhaltach a' faighinn leabhar chuponan. Bha puingeann air a chur mu choinneamh gach seòrsa aodaich m.e. bha feum air 11 cupon airson dreasa agus bha feum air 8 cupon airson pàidhir bhriogais fir. Aig toiseach a' chuibhreannachaidh bha gach inbheach a' faighinn 66 puing gach bliadhna, ach bha an àireamh chuponan a' lùghdachadh gach bliadhna mar a chaidh an cogadh air adhart.

Rè a' chogaidh bha ball-aodach air an robh an 'Siren Suit' a bhiodh air fir, boireannaich agus clann aig àm nan rèidean-adhair. Gu tric bhiodh an t-èideadh sin air daoine air uachdar an aodaich-leapa aca nam biodh rèid-adhair ann agus bha iad air an dealbhadh gus an gabhadh iad cur ort agus toirt dhiot gu luath le dùnaidhean le putain agus siop. Bha fiù 's panail air cùl an aodaich gus am biodh e na b' fhasa a dhol dhan taigh-bheag. Bha Winston Churchill gu sònraichte measail air an 'Siren Suit' agus bhiodh e fhèin gan caitheamh rè a' chogaidh.

Fìgh airson Buaidh

Bha daoine air leth measail air fighe aig àm a' chogaidh agus chuir e ri oidhirp a' chogaidh. Le stuthan dh'fheumadh figheadairean gann, bha aca ri bhith cruthachail nan dealbhadh, gu tric a' cleachdadh clòimh mhì-chothromach gus crìoch a chur air aodach, rud a chiallaich gun robh pàtrain agus dathan neo-àbhaisteach ann. Bha irisean a' brosnachadh shìobhaltaich a' chuid a b' fheàrr a dhèanamh de gheansaidhean agus sgaraichean a bha air an cleachdadh cheana agus a 'toirt seachad fiosrachadh air mar a b' urrainn do fhigheadairean seann gheansaidhean ath-chleachdadh le bhith gan leigeil a-mach agus a bhith a' cleachdadh na clòimhe gus aodach ùr fhighe na àite.

AN ROBH FIOS AGAD?

Bha clann air am brosnachadh gus 'fighe gu buaidh' ann an sgoiltean le balaich agus nigheanan òga a' fighe stocainnean, scarachan, adan agus miotagan ann an dathan an Airm mar phàirt de dh'iomairt a' chogaidh.

AN ROBH FIOS AGAD?

Mar thoradh air an dubhadh sholais bha àireamhan reic chòtaichean geala air èirigh tron Dàrna Cogadh bhon a bha iad a' ciallachadh gum robh e na b' fhasa do dhaoine a chèile fhaicinn. Reiceadh goireasan eile leithid bagaichean-làimh agus broidseachan le feartan a ghabhadh faicinn leithid putain ath-thilgeil solais orra gus cuideachd sìobhaltaich Bhreatannach a bhith air am faicinn.

Càraich is Cùm a' Dol

Gnìomhan

- 1 Fàs cruthachail agus dèan an 'Rag Rug' agad fhèin ann an stoighle nan 1940an – chan eil feum agad ach air seann lèintean-T, siosaran agus brat frasadair (le tuill ann). Faic mar a chruthaicheas tu an rag rug agad fhèin san t-seòmar-sgoile an seo:

youtube.com/watch?v=6XWqhyS9W8k

- 2 Dèan seiseanan Dèan an gnothach agus Càraich – thoir air do chuid aodaich maireachdainn nas fhaide le bhith ag ionnsachadh mar a choimheadas tu às an dèidh gu ceart. Ionnsaich sgilean fuaghail bunaiteach leithid a bhith a' càradh thuill agus shracaidhean, a' ceangal phutain agus a bhith a' càradh fhàitheaman:

loveyourclothes.org.uk/blogs/make-do-and-mend

- 3 Tòisich an 'Cearcall Fighe' agad fhèin anns a' chlas agus ionnsaich mar a dh'fhigheas tu stoc shimplidh a' cleachdadh seann mhìrean (coimhead sa bhùth charthannais ionadail agad airson buill snàtha:


youtube.com/watch?v=lsrAA4djRIAVIDEO

Gnìomhan

Bha 48 cupon aig clann ri chosg gach bliadhna air aodach rè an Dàrna Cogaidh.

A' cleachdadh an teamplaid, thoir a' chreids gu bheil dachaigh do theaghlach an dèidh a bhith air a bhomadh ann am Blitz Bhruach Chluaidh agus nach robh aodach sam bith agad ach an t-aodach a bha ort aig an àm. Cò air a chosgadh tu na cuponan agad airson na bliadhna? Smaoinich air na bhiodh a dhìth ort anns na mìosan a b' fhuaire a bharrachd airson na sgoile. Ciamar a bheireadh seo buaidh air do bheatha làitheil?

STUTH	CUPONAN
Còta dìon-uisge	11
Còta	4
Seacaid	8
Lèine	3
Geansaidh	3
Briogais	6
Briogaise-an-goirid	2
Sgiort	6
Brògan / Bòtannan	3
Aodach leapa	6
Fo-aodach	2
Stocainnean	1




Falt & Bòidhchead san Dàrna Cogadh

'S e na 'Victory Rolls' cuid dhe na sgeadachaidhean fuilte as suaicheanta bho na 1940an. Tha an sgeadachadh fuilte ceangailte ris na gluasadan a bhiodh pileatan anns na plèanaichean cogaidh a' dèanamh anns an Dàrna Cogadh. Bhiodh itealain a' cur charan air an taobh mar chomharra air buaidh no fèisteas, agus mar sin tha an stoighle seo dìreach ceart airson 75mh ceann-bliadhna Latha VE a chomharrachadh. Mar a bha barrachd boireannaich a' clàradh airson obair ann am factaraidhean – bha e a' cumail an cuid fuilte air falbh bhon aodainnean agus bho na h-innealan cunnartach.

Thug an cogadh buaidh cuideachd air an dòigh anns am biodh fir gan sgeadachadh fhèin. Bhiodh mòran fhir a' gearradh am fuilte anns an dòigh anns am biodhte ga dhèanamh anns an arm. Bha na dòighean seo furasta an cumail, bha iad practaigeach agus gu cudromach, cha bhiodh an cuid fuilte air a ghluasad ann an clogaidean no ann am buill-airm ann an èididhean nam fear. Bha uachdar fuilte leithid Brylcreem air an cleachdadh gus an dèanamh nas gleansaiche agus nas cothromaiche.


Rè an Dàrna Cogaidh, bha maise-gnùise air a dhèanamh anns an RA ach cha b' ann gu ìre mhòr sam bith. Cha robh maise-gnùis air a chuibhreannachadh idir ach bha cisean air agus bha e air leth daor. Bha Lipstick air a mheas mar rud a bha cudromach airson daoine a chumail ann an deagh shunnd. Bhiodh branndan a' cruthachadh stuthan air an robh ainmean brosnachail leithid 'Auxiliary Red', 'Victory Red' agus 'Regimental Red' gus boireannaich a bhrosnachadh gus taic a chur ris na feachdan agus gus coimhead gu math.



Pop-Up Parlour

Tionndaidh do sheòmar-sgoile na Pop-up Parlour bho na 1940an agus dèan deiseil airson Pàrtaidh Sràide Latha VE le do charaidean. Carson nach toir thu sgeadachadh snasail air d' fhalt? Tha stoighle ann dhan h-uile duine – ionnsaich mar a chruthaicheas tu na Victory Rolls agad fhèin le bhith a' leantainn nan stiùiridhean seo:

[wikihow.com/Do-Victory-Rolls](http://www.wikihow.com/Do-Victory-Rolls)



AN ROBH FIOS AGAD?

Gheàrr an cleasaiche ainmeil Veronica Lake a falt fada cliùiteach ann an cruth peek-a-boo gu stoighle nas giorra gus am biodh an sgeadachadh fuilte aice nas coltaiche ri boireannaich a bha ag obair ann am factaraidhean. Bha falt fada air a mheas mar rudeigin a bha cunnartach anns an àite-obrach le cunnart gum biodh falt fada a' glacadh ann an innealan cunnartach.

[youtube.com/watch?v=mgpvKXLtwr8](https://www.youtube.com/watch?v=mgpvKXLtwr8)

👤 Gnìomhan

Na bhios a dhìth ort airson Pop-Up Parlour bho na 1940an:

- 1 Uidheamachdan fuilte – bruis bruisigeadh air ais, bruis surraig agus cìr.
- 2 Greimichean fuilte – gach dath gus a dhol a rèir falt gach duine.
- 3 Spràidh – cuir dà spàin-bùird siùcair dhan uisge theth, measgiach e agus dòirt e ann am botal spràidh a ghabhas ath-chuartachadh. Cuir am fàileadh ola luaineach as fheàrr leat na lùib.
- 4 Pomaid – gus am falt a chothromachadh agus gus gleans a chur air so sgeadachadh-fuile ùr. Faodaidh tu diofar bhrannan de phomàidean a cheannach ann am bùithean ceimigearan no ann am mòr-bhùithean.
- 5 Falt ro-dhualaichte – caidil le figheachain no le ròlairean nad fhalt airson sealladh de sheann fhasan dualach a bhith agad.
- 6 Sgeadachaidhean – dìtheanan, beannagan agus snùdaichean gus d' fhalt a sgeadachadh.